

Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 21mh dhen Mhàrt, 2021

Ùrnaigh aig 7f

Tha bliadhna air dol seachad on deach sinn fo ghlasaibh, agus gun teagamh bidh sinn a' smaoineachadh air na rudan a thachair thairis air a' bhliadhna agus am buaidh a tha air a bhith oirnn an luib galar COVID-19. Chan eil gin againn nach d'fhiosraich buaidh a' ghalair ann an dòigh air choreigin. Anns a' phrìomh àite, bidh sinn a' smaoineachadh orra-san uile a chaill am beatha, agus am bròn a thuit air luchd an gràidh. Air cùlaibh na h-àireamhan a chì sinn air na naidheachdan tha daoine a bha aithnichte do Dhia agus a tha air an caoidh le luchd an dàimh.

Tha Litir nan Eabhrainn ag ràdh, "Fad nan làithean a bha e san fheòil, às dèidh dha ùrnaighean is ìmpidhean a thairg sinn suas, le caoineadh cruaidh is deòir, ris-san a b' urrainn a shàbhaladh on bhàs, chaidh èisteachd ris na ùmhlachd." (Eabhrainn 5: 7) Tha ìosa a' dèanamh eadar-ghuidhe às ar leth, "le caoineadh cruaidh is deòir" oir dh'fhuilaing e fhèin. (Eabhrainn 5: 5 - 10). Tha e a' com-pàirteachadh ann am fulangasan an t-saoghail, agus a' toirt fulangasan an t-saoghail fa chomhair Dhe. Nar meòrachaidhean aig an àm seo, tha sinn a' cuimhneachadh an Tì a rinn ùrnaigh às ar leth "fad nan làithean a bha e san fheòil", agus a tha fhathast ag ùrnaigh às ar leth an-diugh.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò, a chruthaich sinn nad iomhaigh fhèin,
èist rinn an-diugh, trod Mhac a tha ag ùrnaigh às ar leth.
Èist rinn, agus sinn a' cuimhneachadh air na rudan a ghiùlain sinn thairis air a' bhliadhna seo
chaidh,
mar choimhearsnachd agus mar dhùthaich.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò, tha thu eòlach air ar fulangas.
Èist rinn an-diugh, trod Mhac a tha ag ùrnaigh às ar leth.
Èist rinn, agus sinn a' meòrachadh agus a' cuimhneachadh air feadh na dùthcha air ar
nàbaidhean a tha a' fulang.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò, is gràdh thu.
Èist rinn an-diugh, trod Mhac a tha ag ùrnaigh às ar leth.
Èist rinn, agus sinn a' cumail taic ris an fheadhainn a tha fhathast a' fulang,
agus a' giùlain còmhla riutha nan eallach a th' orra.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò, a bheireas rudan matha dod Chruthachadh gu lèir,
èist rinn an-diugh, trod Mhac a tha ag ùrnaigh às ar leth.

Èist rinn, agus sinn a' toirt taing airson na feedhna a fhrithealas do na tha tinn agus dlùth
don bhàs ann an ospadalan agus taighean-cùraim.

A Dhè, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò, a Dhè an Dòchais,
èist rinn an-diugh, trod Mhac a tha ag ùrnaigh às ar leth.

Èist rinn agus sinn a' toirt taing airson an luchd-rannsachaidh a chruthaich na
banachdaichean
a bheireas dòchas don t-saoghal gu lèir.

A Dhè, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheo, a bheireas Solas don t-saoghal, fiù 's anns an dorchadas,
èist rinn an-diugh, trod Mhac a tha ag ùrnaigh às ar leth.

Èist rinn, agus sinn a' cromadh sìos ann an làthaireachd an Tì a rinn ùrnaigh air ar son, le
caoineadh cruaidh agus deòir,
fad nan làithean a bha e san fheòil.

A Dhè, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fior Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fior Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Dòmhnull G. Dòmhnullach, Moderàtor, an Eaglais Shaor
- An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)